

# A' ghabhail pàirt ann an comataidh air astar: comhairle do luchd-fianais

## Ag ullachadh airson pàirt a ghabhail

Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' cleachdadadh an ùrlar co-labhairt bhidio Zoom airson chom-pàirtichean air astar. Ma tha thu a' cleachdadadh uidheam no lionra an fhastaiche agad, bu chòir dhut dèanamh cinnteach ro-làimh gu bheil iad a' ceadachadh Zoom a chleachdadadh. Mura h-eil, feuch gun cuir thu air dòigh lionra no uidheamachd eile.

Ma tha thu a' cleachdadadh uidheam àbhaisteach leithid laptop gus a dhol an sàs sa cho-labhairt bhidio, faodaidh tu a dhol a-steach don choinneimh a' cleachdadadh do bhrabhsair no tron app Zoom. Feumaidh daoine a chleachdas uidheam leithid tablaid no inneal gluasadach eile an app a bhith aca air an inneal gus pàirt a ghabhail sa choinneimh.

## A' faighinn do cheangail

Ron choinneimh, thèid do cheangal don choinneimh a chur thugad air post-d. Thig seo bho sgioba clèireachd na comataidh no "Zoom-SP-Hybrid". Bidh an ceangal dhut fhèin a-mhàin: chan urrainn dhut a roinn le daoine eile.


## A' dol a-steach don choinneimh

Thèid iarraidh ort logadh a-steach gu Zoom timcheall air 30 mionaid mus tòisich an gnothach anns a bheil thu a' gabhail pàirt.


Tha seo airson leigeil le ar luchd-obrach measadh a dhèanamh air càileachd claisneachd is lèirsinn a' cheangail agad agus sùil a thoirt air suidheachadh camara. Ach, ma tha thu airson gnothaichean a leantainn nas tràithe sa choinneimh mus gabh thu fhèin pàirt, faodaidh tu logadh a-steach nas tràithe.

### Stiùireadh airson dol a-steach don choinneimh:


1. Cliog air a' cheangal a chaidh a chur thugad.
2. Fosglaidh an ceangal uinneag prompt sa bhrabhsair lìn agad, feuch an cliog thu "Launch Meeting", an uair sin cuir diog sa bhogsa "Always Allow" agus cliog air "OpenURL: Zoom Launcher". Fosglaidh Zoom a-nis.




3. Cliog air “Allow” gus leigeil leis an luchd-obrach againn smachd a chumail air a’ microfon agad.




4. Cliog air “Join with Video” gus am bi an camara agad air a thionndadh thuige agus gum faic an luchd-obrach againn thu nuair a thèid thu a-steach don choinneimh.




5. Cuir diog sa bhogsa "Automatically join audio by computer...". An uair sin cliog "Join with Computer Audio" gus an cluinnear thu.




6. Bu chòir dhut ceangal ris a' choinneimh a-nis. Is dòcha gun tèid do chur ann an seòmar feitheimh bhiortual airson ùine ghoirid gus an tèid do chlàradh a-steach le aon den luchd-obrach againn.



7. Aon uair 's gu bheil thu anns a' choinneimh, chì thu sruth bhidio bhon t-Seòmar Comataidh; ach is dòcha nach faic thu ach sleamhnag ma tha a' choinneamh ann an diomhaireachd. Nuair a tha a' choinneamh poblach a-rithist, chì agus cluinnidh tu na tha a' tachairt san t-seòmar. Chì thu cuideachd a h-uile com-pàirtiche iomallach eile, a' gabhail a-steach buill den sgioba clèireachd.




8. Feuch gum fàg thu do chamara air fhad 's a tha thu anns a' choinneimh gus an urrainn dhuinn sùil a chumail air càileachd do cheangail. Chan fhaicear thu gus an ùine agad airson pàirt a ghabhail sa ghnothach.




9. Nuair a ruigeas a' choinneamh an t-àm agadsa air a' chlàr-gnothaich, bidh a' bhidio agad ri fhaicinn air na sgrìonaichean san t-seòmar.




10. Agus nuair a gheibh thu cuireadh bruidhinn, thèid am miocrofon agad a chur thuige.




11. Ma tha thu ag iarraidh bruidhinn, cliog air an ìomhaigh "Chat" aig bonn uinneag Zoom.



12. Taidhp "RTS" airson iarraidh cothrom bruidhne – na cleachd an ìomhaigh "làimhe an-àirde".



13. Gheibh thu freagairt bho na Clàrcan ag aithneachadh an iarrtais agad.



### Notaichean agus molaidean a bharrachd

Ma tha thu airson **seata-cinn no fònaichean-cluaise a chleachdad le miocrofon**, bu chòir dhut dèanamh cinnteach gu bheil iad air am plugadh a-steach mus tèid thu a-steach don cho-labhairt bhidio. Ma thèid na stuthan sin a phlugadh a-steach nuair a tha thu anns a' choinneimh, is dòcha nach obraich am miocrofon.

Dèan cinnteach cuideachd **nach eil bathar-bog sam bith eile agad fosgailte a dh'fhaodadh a bhith a' cleachdad do chamara agus do mhiocrofon oir faodaidh seo duilgheadasan adhbharachadh do Zoom.**

Ma tha **duilgheadasan teicnigeach** agad, cuir fios gu ball den **sgioba IT againn air 0131 348 5522**

### Aithris prìobhaideachd

Gheibhear an aithris prìobhaideachd airson luchd-fianais a bhios a' nochdad air beulaibh comataidhean Pàrlamaid na h-Alba an seo (Beurla):

[Aithris prìobhaideachd: Comataidhean: A' nochdad mar neach-fianais comataidh | Làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba](#)